

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

**Adhamh MacFhearghais**

*A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [rodny.maclea@bbc.co.uk](mailto:rodny.maclea@bbc.co.uk). This is Litir 889. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 585 corresponds to Litir 889.*

‘Tha an cinne daonna, nuair a tha e a’ fàs meathach, agus a’ dol a dholaidh – agus nuair a tha e a’ dol am feabhas agus a’ buannachd cho math, a’ gluasad air adhart le ceumannan beaga nach gabh tomhas. Nuair a tha e smiorail, tha e a’ ruigsinn ìre de mhòrachd ris nach biodh eadhon an duine a bu ghlice an dùil ro làimh. Aig amannan de shocrachadh is laigse, bidh e a’ fulang olc a bhathar a’ smaoineachadh a bha air a sguabadh air falbh le soirbheachas agus beartas.’

Chan e mi fhìn a chruthaich na smuaintean sin. Rinn mi eadar-theangachadh – car libearalach – dheth bhon Bheurla. Ach bha Gàidhlig aig an fhear a chruthaich e. Duine ainmeil a bh’ ann. Agus tha ceann-bliadhna aige am-bliadhna. Cò th’ ann? Innsidh mi dhuibh ann an tiotan.

Chuir mi crìoch air an Litir an t-seachdain sa chaidh leis an t-seanfhalach *chamhiste sgeul math aithris dà uair*. Tha an seanfhalach a cheart cho freagarrach an t-seachdain seo oir tha mi a’ tilleadh gu bhith a’ bruidhinn mu fhear air an do rinn mi iomradh ann an Litrichean dà cheud (200) agus dà cheud ’s a h-aon (201). B’ esan am feallsanaiche agus eachdraiche Adhamh MacFhearghais, a bha mar phàirt de Shoillseachadh na h-Alba – *The Scottish Enlightenment*. Thathar ga aithneachadh mar ‘Athair an Eòlais Shòisealta’.

Rugadh MacFhearghais ann an seachd ceud deug, fichead ’s a trì (1723) ann an Lag an Ràith ann an Siorrachd Pheairt. **Bha Gàidhlig aige bhon ghlùn**. Chaidh e a dh’Oilthigh Chill Rìmhinn. Bha e na leabharlannaiche do Roinn an Luchd-tagraidh, no *Faculty of Advocates*, ann an Dùn Èideann. Bha e na fhear-teagaisg prìobhaideach do mhic uaislean. Agus bha e na Phroifeasair de Fheallsanachd Nàdarach agus cuideachd Feallsanachd Mhoralta aig Oilthigh Dhùn Èideann.

Agus dè an ceann-bliadhna a th’ aige am-bliadhna? Uill, chaochail e ann an ochd ceud deug is sia-deug (1816), dà cheud bliadhna air ais.

Bha MacFhearghais ainmeil ri a linn. Bha e na charaid aig Daibhidh Hume agus Adhamh Mac a’ Ghobhainn. Bha e eòlach air Voltaire. Sgrìobh e an earrann air ‘Eachdraidh’ anns an dàrna eagan de Encyclopaedia Britannica. Bha e na bhall de choimisean aig Riaghaltas Bhreatainn a dh’fheuch ri rèite a dhèanamh leis na reubaltaich ann an Ameireagaidh aig àm Cogadh na Neo-eisimeileachd. Agus ’s ann san dachaigh aige fhèin a thachair Bhaltair Scott agus Raibeart Burns ri chèile – an aon turas a thachair iad ri chèile **fhad ’s as aithne dhuinn**.

Am measg nan rudan a sgrìobh e, bha aiste – *An Essay on the History of Civil Society*. Tha e furasta a lorg air an eadar-lìon. 'S ann às an aiste sin a thàinig an earrann a thug mi dhuibh aig toiseach na Litreach.

Bha MacFhearghais na Chrìosdaidh – agus na Chlèireach. Bha e a' creidsinn ann an adhartas a' chinne-daonna gu ruige foirfeachd – air a phiobrachadh le fèin-bhuannachd gach duine. Ach bha e dhen bheachd – leis gun tug Dia saor-thoil do mhac an duine – gum biodh amannan ann nuair a tha comann mhic an duine a' dol an deireadh – mar a thachair le bàs Ìmpireachd na Ròimhe. B' fheàrr leam gun robh e fhathast còmhla rinn an-diugh, agus cothrom aige a bheachdan a chur an cèill air Radio nan Gàidheal!

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** Adhamh MacFhearghais: *Adam Ferguson*; Lag an Ràith: *Logierait*; leabharlannaiche: *librarian*; chaochail e: *he died*; Adhamh Mac a' Ghobhainn: *Adam Smith*; eagan: *edition*; Cogadh na Neo-eisimeileachd: *The War of Independence*.

**Abairtean na Litreach:** an cinne daonna, nuair a tha e a' fàs meathach: *mankind, when it degenerates*; agus a' dol a dholaidh: *and tends to ruin*; agus nuair a tha e a' dol am feabhas agus a' buannachd cho math: *as well as when it improves and gains advantages*; le ceumanna beaga nach gabh tomhas: *by slow and almost insensible steps*; nuair a tha e smiorail, tha e a' ruigsinn ìre de mhòrachd ris nach biodh eadhon an duine a bu ghlice an dùil ro làimh: *when it is full of vigour, it reaches a greatness which no human wisdom could foresee*; aig amannan de shocrachadh is laigse: *at times of relaxation and weakness*; bidh e a' fulang olc: *they incur evils*; a bha air a sguabadh air falbh le soirbheachas agus beartas: *which had been removed by success and prosperity*; cha mhiste sgeul math aithris dà uair: *it doesn't harm to tell a good story twice*; air an do rinn mi iomradh: *whom I mentioned*; thathar ga aithneachadh mar 'Athair an Eòlais Shòisealta': *he is recognised as 'The Father of Sociology'*; Proifeasair de Fheallsanachd Nàdarra agus cuideachd Feallsanachd Mhoralta: *Professor of Natural Philosophy and also Moral Philosophy*; bha X na Chrìosdaidh – agus na Chlèireach: *X was a Christian – and a Presbyterian*; a' creidsinn ann an adhartas a' chinne-daonna gu ruige foirfeachd: *believing in human advancement towards perfection*; air a phiobrachadh le fèin-bhuannachd gach duine: *driven by person self-interest*; leis gun tug Dia saor-thoil do mhac an duine: *since God granted Man free will*; nuair a tha comann mhic an duine a' dol an deireadh: *when human society goes backwards*; bàs Ìmpireachd na Ròimhe: *the collapse of the Roman Empire*; a bheachdan a chur an cèill: *to express his opinions*.

**Puing-chànain na Litreach:** **Bha Gàidhlig aige bhon ghlùn:** *he was a native speaker of Gaelic [literally 'he had it from the knee']*. Are there any other ways in which we might say 'he was a native speaker'? Here are examples: Bha Gàidhlig aige bho dhùthchas; bha Gàidhlig aige mar chiad/phrìomh chànan; b' i a' Ghàidhlig cainnt a mhàthar; 's e labhraiche dùthchasach na Gàidhlig a th' ann.

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** an aon turas a thachair iad ri chèile **fhad 's as aithne dhuinn:** *the one time they met each other, as far as we know*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA